

Plana Gàidhlig Gaelic Language Plan 2016-2021

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
This plan has been prepared under section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005

Air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig 22 Ògmhios 2016
Approved by Bòrd na Gàidhlig 22 June 2016



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba

All of nature for all of Scotland
Nàdar air fad airson Alba air fad

**BÒRD NA
GÀIDHLIG**



Facal-toisich

Tha a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de chultar is de dhualchas na h-Alba, agus tha i a' nochdadh na dàimh àrsaidh a tha eadar daoine agus nàdar tro chànain. Coltach ris gach pàirt de riaghaltas ann an Alba, tha dleastanas aig SNH Plana Gàidhlig a leasachadh agus cuideachadh gus na h-amasan nàiseanta airson a' chànain a libhrigeadh.

'S e seo an dàrna Plana Gàidhlig againn, agus tha e a' sealltainn mar a tha sinn an dùil togail air na coileanaidhean is na h-eòlasan a thàinig às a' chiad Phlana againn. Bidh sinn daonnan a' dèanamh oidhirp a bhith taiceil agus fialaidh ri leasachadh na Gàidhlig air feadh na buidhne agus, ann a bhith a' dèanamh seo, tha ar taic ri prionnsabal spèis cho-ionannachd dhan dà chànain. Rè ùine a' Phlana seo, bidh sinn ag amas air ar n-aithne a thaobh a' chànain a mheudachadh agus cuiridh sinn ri bhith ga leasachadh, fhad 's a bhios sinn cuideachd a' comasachadh gu gnìomhach a cleachdadh nar cuid gnothachais is nar cuid chonaltraidhean.

Rè ùine a' chiad Phlana againn, ghabh sinn os làimh dòigh-obrach dhà-chànainach a thaobh nan conaltraidhean againn thar ar n-obraichean, agus leudaichidh sinn seo nas fhaide gus iarrtas fàsmhor airson na Gàidhlig ann an Alba a nochdadh. Leanaidh sinn air adhart ag obair le buidhnean leasachaidh Gàidhlig gus ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, mar eisimpleir tron t-sreath mhòr-chòrdte 'A' Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre' againn de dh'fhoillseachaidhean agus tro phròiseactan air a' bhlàr a-muigh le luchd-cleachdaidh òga na Gàidhlig. Cuiridh sinn tuilleadh ri beartas a' chànain tro bhith a' leasachadh nam 'Faclan Nàdair' againn, faclair Gàidhlig de bhriathrachas nàdair. Agus siridh sinn com-pàirteachasan le buidhnean riaghaltais eile gus eòlas is stòrasan a cho-roinn, ag obair còmhla gus cleachdadh a neartachadh.

Tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromach is àraid de chultar na h-Alba, ach tha a suidheachadh, coltach ri mòran de dh'àrainnean is de ghnèithean nàdarra na h-Alba, ann an suidheachadh cugallach. Cuidichidh an dàrna Plana Gàidhlig seo SNH gus leantainn air adhart a' cur taic ri leasachadh na Gàidhlig.

Ian Jardine
Àrd-Oifigear

Clàr-innse

Earrann	Duilleag
Geàrr-chunntas	3
Structar	4
Ro-ràdh An co-theacsa airson Planaichean Gàidhlig ullachadh Sealladh farsaing air obair SNH A' Ghàidhlig taobh a-staigh raointean obrach SNH A' Ghàidhlig taobh a-staigh SNH	5
Ar dleastanasan Structar Amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba Cò sinn Mar a bhios sinn a' conaltradh Foillseachaidhean clò-bhuailte is didseatach Ar daoine	8
Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig Sealladh farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig Dleastanasan gu amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	25
Buileachadh agus dearcnachadh Clàr-ama Foillseachadh a' Phlana Rianachd airson a bhuileachadh Goireasachadh a' Phlana Dearcnachadh air buileachadh Fios thugainn	29

Geàrr-chunntas

Tha Dualchas Nàdair na h-Alba a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dhearbh-aithne agus bheatha chultarail na h-Alba. Tha ar taic ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean iomchaidh a chur an sàs a chuireas air chomas dhuinn ar cuid fhèin a dhèanamh gus am bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd.

Tha SNH ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma thathar airson beatha às ùr a thoirt dhan Ghàidhlig mar chànan beò ann an Alba gum bi feum air oidhirp mhòr leis an riaghaltas, leis na roinnean poblach is prìobhaidheach, le buidhnean sna coimhearsnachdan agus le luchd-labhairt fa-leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig
- togail is ionnsachadh a' chànain adhartachadh
- tuilleadh cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

'S e an dàrna cuairt de Phlana Gàidhlig aig SNH a th' anns an sgrìobhainn seo, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus cuideachd a' toirt aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus dhan Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig. Tha e a' cur an cèill:

- mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig san obair againn
- mar a chuireas sinn air chomas Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball agus ri luchd-pàirteachaidh
- mar a chuireas sinn air adhart agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Structar

Seo na ceithir prìomh phàirtean den Phlana Ghàidhlig againn:

1. Ro-ràdh

A' toirt seachad bun-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri ullachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus structar prìomh raointean obrach Dualchas Nàdair na h-Alba. Cuideachd tha geàrr-chunntas air sgaoileadh na Gàidhlig ann an Alba.

2. Bun-dhleastanasan

A' mìneachadh ciamar a nì sinn feum den Ghàidhlig, agus ciamar a bheir sinn cothrom air a cleachdadh an lùib ar prìomh ghnìomhan obrach. Tha a' chaibideil seo a' gabhail a-steach prìomh raointean obrach mar ar dearbh-aithne corporra, soidhnichean, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Tha ar bun-dhleastanasan a' mìneachadh na h-ìre as ìsle de sholarachadh na Gàidhlig a tha sinn a' dol a dh'ullachadh rè ùine a' Phlana.

3. Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh ciamar a chuidicheas sinn buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha e san amharc againn cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann an raointean poileasaidh, leithid anns a' phoileasaidh thrusaidh againn, agus e a' dèiligeadh ri mar a ghabhas sinn suim den Ghàidhlig agus den Phlana Ghàidhlig againn nuair a bhios sinn a' dreachdadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

4. Buileachadh agus dearcnachadh

Tha sinn a' mìneachadh ciamar a bhios buileachadh ar Plana Gàidhlig air a thoirt air adhart, agus ciamar a nithear dearcnachadh air a bhuileachadh agus air na toraidhean aige.

Ro-ràdh

An co-theacsa airson Planaichean Gàidhlig ullachadh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Ghabh Pàrlamaid na h-Alba ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba, leis an aon spèis agus a tha aig a' Bheurla, a dhaingneachadh.

'S e fear de na feartan as cudromaiche den Achd gum faod Bòrd na Gàidhlig (prìomh bhuidheann leasachadh na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba) iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail a h-inbhe is a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a bhith ga cleachdadh.

Riatanas Plana Gàidhlig ullachadh

Tha an riatanas airson buidheann poblach a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig a' tòiseachadh le Bòrd na Gàidhlig a' cur a-mach fios foirmeil airson sin fo earrann 3 den Achd. Thàinig a' chiad Phlana Gàidhlig aig Dualchas Nàdair na h-Alba gu bith anns an Dùbhlachd 2010.

Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig

A rèir na h-Achd feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt fainear dhan a h-uile duine aig am bheil ùidh anns a' chùis. Gus seo a dhèanamh, rinn sinn co-chomhairleachadh leis a' phoball agus luchd-obrach air dreachd a' Phlana Ghàidhlig againn eadar An Lùnastal agus An t-Sultain 2015. Bha an dreachd ri faotainn gu h-eileagtronaigeach agus, air iarrtas, air a clò-bhualadh.

Aontachadh ri Plana Gàidhlig SNH

Nuair a bha beachdan bhon cho-chomhairleachadh air am faighinn agus atharrachaidhean iomchaidh air an dèanamh, chaidh dreachd dheireannach ar Plana Gàidhlig 2016-2021 gu Bòrd na Gàidhlig anns an Dùbhlachd 2015 airson aontachadh leis.

Sealladh farsaing air ar n-obair

Chaidh SNH a chur air bhonn fo Achd Dualchais Nàdair (Alba) 1991 agus thàinig a' bhuidheann gu bith air 1 Giblean 1992. 'S e sinne buidheann-gnìomha an riaghaltais airson dualchas nàdair na h-Alba. Tha sinn air ar maoinachadh le Riaghaltas na h-

Alba agus bidh Ministearan na h-Alba a' cur an dreuchd a' Chathraiche is buill a' Bhùird againn.

'S e an rùn againn 'Gur e SNH a' bhuidheann treòrachaidh ann an Alba a bhios ag amas air càch a bhrosnachadh, a mhisneachadh agus buaidh a thoirt orra gus ar stòrasan nàdarra a stiùireadh ann an dòigh sheasmhach'.

'S iad na prìomh amasan againn, a thig bho Achd Dualchas Nàdair (Alba):

- dualchas nàdair na h-Alba a ghlèidheadh is a thoirt am feabhas
- tuigse adhartachadh agus a dhèanamh nas fhasa do dhaoine tlachd a ghabhail ann an dualchas nàdair na h-Alba
- cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid a chur gu feum 's a rianachd ann an dòigh sheasmhach.

Tha e na amas dhuinn co-obrachadh le càch airson ar raon-dleistanais a lìbhrigeadh. 'S iad na prìomh chom-pàirtichean againn Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean-gnìomha, buidhnean saor-thoileach agus coimhearsnachd agus, gu seachd àraidh, muinntir na h-Alba. Bidh sinn a' dèanamh ar n-obrach tro lìonra sgapte de 37 oifisean, a' gabhail a-steach Tèarmainn Nàdair Nàiseanta.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh ar raointean obrach

Tha sinn den bheachd gu bheil cothroman ann do dhaoine ceangal a dhèanamh ri nàdar tron Ghàidhlig agus gum faodar barrachd tuigse a thoirt do dhaoine mun dlùth-dhàimh a tha eadar an cànan agus ar dualchas nàdair.

'S e ar raon obrach Alba air fad. Mar sin, tha luchd-labhairt na Gàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig air fad taobh a-staigh na sgìre anns am bi sinn ag obair.

Chlàraich toraidhean cunntas-sluaigh 2011 87,056 duine (1.7% de shluagh na h-Alba) le comasan anns a' chànan (comasan tuigse, labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh) agus 57,602 dhiubh comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Ged a tha an àireamh seo air crìonadh bhon chunntas mu dheireadh, bha crìonadh 11% anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig eadar 1991 agus 2001 ach cha robh an reat-crìonaidh eadar 2001 agus 2011 ach 1.2%.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig spapte air feadh na h-Alba. A rèir cunntas-sluaigh 2011 b' iad na h-ùghdarrasan ionadail leis na ceudadan a bu mhotha aig an robh comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn Na h-Eileanan Siar (52%), A' Ghàidhealtachd (5%) agus Earra-Ghàidheal is Bòd (4%). Tha a' Ghàidhlig air fàs nas cumanta anns na bailtean mòra cuideachd agus tha slugh mòr de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an Obar Dheathain, Dùn Èideann, Sgìre Ghlaschu agus Inbhir Nis.

Tha 4,022 sgoilear bun-sgoile agus àrd-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta, le dùil ri 1,052 a bharrachd ann an sgoiltean-àraidh Gàidhlig. A thuilleadh air seo, tha 7,772 bun-sgoilear ann am foghlam tro mheadhan na Beurla ag ionnsachadh na Gàidhlig tro Luchd-Ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-Sgoil (GLPS) agus tha 3,020 àrd-sgoilear ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair.

Obraichidh sinn le buidhnean nàiseanta eile aig a bheil Planaichean Gàidhlig, gus sgrùdadh a dhèanamh air cothroman gus eòlas is stòrasan a cho-roinn. Bheir seo a-staigh buidhnean leithid Coimisean Coilltearachd na h-Alba, Coimisean na Croitearachd, Ùghdarrasan Pàircean Nàiseanta agus Pàrlamaid na h-Alba, a bharrachd air buidhean Gàidhlig air feadh na dùthcha mar Bòrd na Gàidhlig, Comann na Gàidhlig agus Ainmean-Àite na h-Alba.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh SNH

Chaidh ciad Phlana Gàidhlig SNH aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 14 Dùbhlachd 2010 and ghabh e a-steach an ùine bho 2010-2015. Bho 2010, tha sinn air adhartas a dhèanamh a thaobh nan seirbheisean agus goireasan a bhios sinn a' toirt seachad do luchd na Gàidhlig.

Tha tòrr de na geallaidhean a bh' anns a' chiad Phlana againn a-nis mar phàirt de ar n-obair làitheil, agus tha iad comharraichte leis an fhacal 'leantainneach' anns na clàran gu h-ìosal. Tha ar taic ri seirbheisean Gàidhlig a thabhann, a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd na Gàidhlig gu bheil iad ann agus gu bheil sinn a' brosnachadh dhaoine gus an cleachdadh.

Rè 2016 nì sinn sgrùdadh air sgilean luchd-obrach gus tomhas dè an ìre de chomas Gàidhlig a tha taobh a-staigh SNH an-dràsta. Gheibh sinn a-mach cò mheud:

- neach-labhairt na Gàidhlig a tha ag obair aig SNH
- neach-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- neach-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh
- neach-obrach aig a bheil comas bruidhinn, leughaidh agus sgrìobhaidh anns a' Ghàidhlig.

Leigidh toraidhean an sgrùdaidh leinn sgilean Gàidhlig ar luchd-obrach a chleachdadh agus a leasachadh.

Nì sinn cinnteach gu bheil am fiosrachadh seo air a chumail ceart le bhith a' dèanamh ath-sgrùdadh a h-uile trì bliadhna.

Ar dleastanasan

Tha na h-amasan àrd-ìre a leanas gam mìneachadh le Bòrd na Gàidhlig mar ar prìomhachasan airson taic a chur ris a' Phlana Nàiseanta Ghàidhlig agus ris na Builean Nàiseanta:

- A h-uile gealladh a tha a' leantainn bho dhreachdan nas tràithe de Phlana Gàidhlig SNH a ghabhail a-steach dhan tionndadh seo dheth
- Feallsanachd/àrainneachd Ghàidhlig a bhrosnachadh anns a' bhuidhinn
- Co-ionannachd spèis airson na Gàidhlig agus na Beurla do ghach seirbheis agus goireas
- Seirbheisean agus goireasan Gàidhlig a thoirt seachad, a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd na Gàidhlig gu bheil iad ann agus gu bheil sinn a' brosnachadh dhaoine gus an cleachdadh
- Sgrùdadh air sgilean Gàidhlig luchd-obrach SNH ùrachadh agus prògram trèanaidh a stèidheachadh air na toraidhean
- An ìre de Ghàidhlig àrdachadh aig ionadan-fàilte
- Cùm ri riaghailtean Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire agus ainmean-àite a rèir molaidhean Ainmean-Àite na h-Alba
- An ceangal a th' aig SNH le com-pàirtichean RAFE a ghlèidheadh airson taic agus brosnachadh a chur ri obair chom-pàirteachais
- 'S e suaicheantas dà-chànanach SNH an aon suaicheantas corpora aig a' bhuidhinn
- Tuilleadh àrdachaidh air faicsinneachd na Gàidhlig air soidhnichean taobh a-staigh agus taobh a-muigh (a' gabhail a-steach shoidhnichean sealach)
- Aontachadh air an ìre de Ghàidhlig ann am foillseachaidhean, sanasan agus aig tachartasan.

Tha sinn dealasach a bhith a' coileanadh nan amasan seo tro bhuileachadh a' Phlana Ghàidhlig seo.

Structar

Tha na dleastanasan anns an earrainn seo a' mìneachadh mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig agus mar a bhrosnaicheas sinn cothroman a bhith ga cleachdadh nar n-obair. Bidh iad gan sgaradh mar a leanas:

Cò sinn

- lòmhaidh chorporra
- Soidhnichean

Mar a bhios sinn a' conaltradh

- Fàilteachadh
- Fòn
- Post agus post-d
- Foirmichean
- Coinneamhan poblach
- Modh-obrach mu ghearanan
- Conaltradh taobh a-staigh/a-muigh na buidhne

Foillseachaidhean clò-bhuailte is didseatach

- Foillseachaidhean
- Dàimhean poblach agus na meadhanan
- Làraichean-lìn
- Eadar-mhìneachadh, taisbeanaidhean & tachartasan

Ar daoine

- Trèanadh
- Fastadh
- Sanasachadh

Tha a' chiad pharagraf do gach raon obrach a' mìneachadh co-theasca planadh cànan. Fhuair seo bho Bhòrd na Gàidhlig agus tha e air a shònrachadh ann an *clò Eadailteach*.

Airson gach raon, mìnichidh am Plana seo cleachdadh SNH an-dràsta, a' shònrachadh an adhartais a rinneadh tron chiad Phlana Ghàidhlig againn, cuide ris na gnìomhan leasachaidh airson nan còig bliadhna ri teachd. Mairidh a h-uile dleastanas bhon chiad Phlana mar as iomchaidh.

Tha ar bun-dhleastanasan a' mìneachadh na h-ìre as ìsle de sheirbheis Ghàidhlig a bheir sinn seachad rè ùine a' Phlana seo. Far a bheil sinn air gealltainn seirbheis no goireas a thoirt seachad 'gu dà-chànanach' cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil spèis cho-ionannachd ann airson na Gàidhlig agus na Beurla.

Bidh na dleastanasan seo a' buntainn ris a h-uile pàirt den obair againn, ach a-mhàin na h-Eileanan mu Thuath (Arcaibh agus Sealtainn). Ged a bhios luchd-obrach a tha

stèidhichte ann an Arcaibh agus Sealtainn air am brosnachadh gus cuir ri buileachadh a' Phlana, rè ùine a' Phlana seo tha iad saor bhon a h-uile dleastanas ach a-mhàin a dhà a tha ainmichte gu h-ìosal. Ruigeadh an co-dhùnadh seo tro cho-chomhairle le luchd-obrach ionadail. 'S iad na h-aon dleastanasan a bhios air luchd-obrach sna h-Eileanan mu Thuath ar suaicheantas dà-chànanach a chleachdadh (faic d.12) agus a' dèiligeadh ri ceistean anns a' Ghàidhlig (faic d.16).

Bheir sinn seirbheis mheudaichte seachad ann an sgìrean anns a bheil an àireamh de luchd na Gàidhlig a' fàs agus far a bheil an t-iarrrtas ann.

Amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

Tha rùn againn amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba a thoirt gu buil. Comharraichidh sinn na h-amasan ro-innleachdail ris an cuir ar Plana Gàidhlig taic agus ceanglaidh sinn iad le ar bun-dhleastanasan anns an earrainn seo.

Tha na h-amasan ro-innleachdail mar a leanas:

1. Nas beartiche agus nas cothromaiche
2. Nas sgiobalta
3. Nas fhallaine
4. Nas sàbhailte agus nas làidire
5. Nas uaine

Cò sinn

Tha làthaireachd na Gàidhlig anns an ìomhaigh chorporra is ann an sanasan aig ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri follaiseachd a' chànain, a' meudachadh na h-inbhe aige agus na aithris a thaobh mar a tha luach air a' Ghàidhlig agus mar a tha i ga h-aithneachadh. Ann a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig, faodar cur ri cainnt luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd, ris an aire a bheir am poball don chànan agus cuideachadh gus a leasachadh.

Tha SNH ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig taobh a-staigh beatha phoblaich na h-Alba.

DEARBH-AITHNE CHORPORRA		
Cleachdadh an-dràsta <ul style="list-style-type: none">- Tha suaicheantas agus abairt-mhìneachaidh dà-chànanach (Beurla is Gàidhlig) againn agus 's iad a bhios sinn a' cleachdadh gu h-àbhaisteach air feadh na buidhne.- Tha cinn-litrichean, bileagan dùrachd agus càirtean-gnìomhachais dà-chànanach aig a h-uile oifis chorporra (Inbhir Nis, Battleby, Bruach Chluaidh is Dùn Èideann) agus aig cuid de dh'oifisean sgìreil.		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Às bith càite an nochd suaicheantas agus abairt-mhìneachaidh SNH, bidh e ann an cruth dà-chànanach. Cumaidh sinn oirnn a' foillseachadh stiùireadh air cleachdadh ar suaicheantais nar stiùireadh air branndadh.	Ionad Conaltraidh	Leantainneach
Nì sinn ath-sgrùdadh air toirt a-steach cinn-litrichean, bileagan dùrachd agus cairtean-gnìomhachais dà-chànanach, agus tha sinn an dùil na tha dà-chànanach a leudachadh ann an co-chomhairle le luchd-obrach.	Oifigear Gàidhlig Seirbheisean Taic-Ghniomhachais	Ron Ghiblean 2018
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

SOIDHNICHEAN (taobh a-staigh agus taobh a-muigh)
Cleachdadh an-dràsta <ul style="list-style-type: none">- Tha ar suaicheantas dà-chànanach a' nochdadh aig a' mhòrchuid de ar n-oifisean.- Tha soidhnichean suidhichte taobh a-staigh agus taobh a-muigh aig ar n-oifisean corporra a' nochdadh anns an dà chànan sa chumantas.- Tha soidhnichean taobh a-muigh aig cuid de ar n-oifisean sgìreil a' nochdadh

<p>anns an dà chànan.</p> <ul style="list-style-type: none"> - Tha soidhnichean gnèitheach (m.e doras-eiginn) agus an fheadhainn shealach a' nochdadh ann am Beurla a-mhàin air feadh na buidhne. - Tha soidhnichean dà-chànanach aig cuid de Thèarmainn Nàdair Nàiseanta. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Nochdaidh ar suaicheantas dà-chànanach aig a h-uile oifis againn nuair a thig feum air soidhnichean ùra.	Ionad Conaltraidh Sgioba Seilbh	Leantainneach
Bidh soidhnichean suidhichte taobh a-staigh agus taobh a-muigh dà-chànanach nuair a thig feum air soidhnichean ùra.	Ionad Conaltraidh Sgioba Seilbh	Rè ùine a' Phlana
Aontaichidh sinn air, agus cuiridh sinn an gnìomh, dòigh airson dèiligeadh ri soidhnichean gnèitheach agus soidhnichean sealach ann an oifisean corporra agus sgìreil.	Ionad Conaltraidh Sgioba Seilbh Seirbheisean Taic-Ghniomhachais	Ron Iuchar 2016
Nì sinn ath-sgrùdadh, tro cho-chomhairleachadh leis na com-pàirtichean againn, air an stiùireadh a th' againn an-dràsta air cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean Tèarmainn Nàdair Nàiseanta gus cleachdadh na Gàidhlig aig ar Tèarmainn a leudachadh air feadh na h-Alba mar a bhios iomchaidh. Am measg nan soidhnichean seo bidh fiosrachaidh do luchd-tadhail.	Ionad Conaltraidh Luchd-obrach Tèarmainn Nàdair Nàiseanta	Ron Ghiblean 2017
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

Mar a bhios sinn a' conaltradh

Bidh cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre far am faic daoine ùghdarras poblach a' cur ri follaiseachd agus ris an ìre den chànan a chluinnear, agus bidh e a' cur ris a' bheachd gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach is ceadaichte. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànan, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a chleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothaich ris an ùghdarras phoblach an dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris an ùghdarras ann an litrichean, ann am post-dealain agus air am fòn cudromach gus cothroman a chruthachadh airson Gàidhlig a chleachdadh agus le bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil toilichte a chleachdadh. Faodaidh ìre na Gàidhlig ann am farsaingeachd de bhileagan san dà chànan agus sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri follaiseachd a' chànan. Faodaidh ullachadh tionndadh Gàidhlig bhileagan, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile, cuideachadh cuideachd gus cur ris an ìre de bhriathrachas Gàidhlig agus ri aire luchd na Gàidhlig air a leithid de bhriathrachas, rud a chuidicheas ri leasachadh a' chànan fhèin.

Tha SNH ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aige cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo.

FÀILTEACHADH		
Cleachdadh an-dràsta		
- Bidh luchd-obrach fàilteachaidh a' cur cheistean ceangailte ris a' Ghàidhlig chun ar n-Oifigeir Ghàidhlig.		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cumaidh luchd-obrach fàilteachaidh a' stiùireadh cheistean Gàidhlig chun ar n-Oifigeir Ghàidhlig.	Ionad Conaltraidh	Leantainneach
Thèid trèanadh ann am <i>Gaelic Awareness</i> a thabhann dhan a h-uile neach-obrach fàilteachaidh.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2018
Bheir sinn cothrom dhan a h-uile neach-obrach fàilteachaidh abairtean sìmplidh Gàidhlig ionnsachadh agus cumaidh sinn oirnn a' tabhann taic gus sgilean is misneachd luchd-obrach fàilteachaidh a leasachadh.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2017
Gheibh luchd-obrach fàilteachaidh a tha airson tuilleadh Gàidhlig ionnsachadh an cothrom seo a dhèanamh.		

Comharraichidh sinn luchd-obrach a sheallas comas dèiligeadh ri iarrtasan bunaiteach le bhith a' cur soidhne aig an ionad fhàilteachaidh airson leigeil fhaicinn gun urrainnear Gàidhlig a bhruidhinn.		
Brosnaichidh agus cuidichidh sinn luchd-obrach fàilteachaidh air feadh ar n-oifisean gus fàilte dhà-chànanach a chur air aoighean. Cuiridh sinn sanas aig an ionad-fàilte gus am bi fios aig luchd na Gàidhlig gu bheil seirbheis Ghàidhlig ri faotainn.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Gus ar n-amas fad-ùineach air seirbheis fhàilteachaidh dhà-chànanach a choileanadh nì sinn cinnteach gum bi a' Ghàidhlig fhathast na sgil ion-mhiannaichte do luchd-obrach fàilteachaidh.	Goireasan Daonna Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

FÒN		
Cleachdadh an-dràsta		
- Tha fàilteachadh dà-chànanach air postan-gutha aig ar n-oifis chorporra ann an Inbhir Nis.		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Brosnaichidh agus cuidichidh sinn luchd-obrach fàilteachaidh air feadh ar n-oifisean gus fàilte dhà-chànanach a chleachdadh nuair a fhreagras iad am fòn.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Brosnaichidh agus cuidichidh sinn luchd-obrach fàilteachaidh air feadh ar n-oifisean gus fàilte dhà-chànanach a chleachdadh nuair a chlàras iad postan-gutha.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

POST & POST-D
Cleachdadh an-dràsta

<ul style="list-style-type: none"> - Nuair a chuireas neach fios thugainn anns a' Ghàidhlig gheibh e/i freagairt anns a' Ghàidhlig. - Tha ar n-aithris-àichidh air puist-d dà-chànanach. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cumaidh sinn oirnn a' gabhail conaltradh anns a' Ghàidhlig. Innsidh sinn seo do luchd na Gàidhlig tro bhrath air ar duilleig-lìn 'cuir fios'.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Gheibh gach conaltradh air a dhèanamh anns a' Ghàidhlig freagairt anns a' Ghàidhlig.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh aithris-àichidh dhà-chànanach aig bonn gach post-d bho SNH.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Gheibh a h-uile neach-obrach cothrom air earrann dà-chànanach choitcheann a chleachdadh aig bonn theachdaireachdan puist-d agus ann an teachdaireachdan 'air falbh bhon oifis'. Brosnaichidh agus cuidichidh sinn luchd-obrach gus na h-earrannan seo a chleachdadh.	Oifigear Gàidhlig	Ron Dàmhair 2017
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

FOIRMICHEAN		
Cleachdadh an-dràsta		
<ul style="list-style-type: none"> - Bidh sinn a' brosnachadh dhaoine gus foirmichean a lìonadh anns a' Ghàidhlig. - Tha measgachadh de dh'fhoirmichean rim faotainn anns a' Ghàidhlig. - Tha ceann-sgrìobhaidhean dà-chànanach air ar teamplaidean taobh a-staigh na buidhne airson meòrachain agus sgrìobhainnean eile. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh gun tèid foirmichean a lìonadh agus beachdan a chur thugainn anns a' Ghàidhlig le bhith a' cur aithris ag innse seo air a h-uile foirm. Nuair a bhios freagairt a dhìth, gheibh an fheadhainn sgrìobhte anns a' Ghàidhlig freagairt innte. Am measg seo bidh foirmichean iarrtais agus foirmichean dàimh luchd-ceannaich.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach

Nì sinn sgrùdadh air a h-uile foirm a th' againn an-dràsta (an dà chuid an fheadhainn a bhios sinn a' cleachdadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne) agus ullaichidh sinn plana gus a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach air a h-uile foirm tro phrògram prìomhachaidh. Bidh na foirmichean a bhite a' cleachdadh as trice rim faotainn gu dà-chànanach.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2016
Thèid stiùireadh a thoirt seachad air cleachdadh na Gàidhlig air gach foirm ùr.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Cumaidh sinn oirn a' cleachdadh ceann-sgrìobhaidhean dà-chànanach air a h-uile teampalaid taobh a-staigh na buidhne airson meòrachain agus sgrìobhainnean eile.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

COINNEAMHAN POBLACH

Cleachdadh an-dràsta

- Bidh sinn a' cur neach-obrach aig a bheil a' Ghàidhlig gu coinneamhan poblach anns na h-Eileanan an Iar agus na h-Eileanan A-staigh nuair a thathar ga iarraidh

Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Nuair a thathar ga iarraidh, cuiridh sinn neach-obrach aig a bheil a' Ghàidhlig gu coinneamhan poblach ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' bruidhinn na Gàidhlig, no nuair a bhios na coinneamhan a' buntainn ris a' Ghàidhlig gu sònraichte. Sanasaichidh sinn an cothrom seo ro làimh (m.e air sanasan mun choinneimh).	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

MODH-OBACH MU GHEARANAN

Cleachdadh an-dràsta

- Tha ar bileag 'Beachdan, Molaidhean agus Gearanan' ri faotainn anns a' Ghàidhlig.

Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Bidh ar stiùireadh air ‘beachdan, molaidhean agus gearanan’ fhathast ri fhaotainn anns a’ Ghàidhlig agus broснаichidh sinn beachdan, molaidhean agus gearanan anns a’ Ghàidhlig le brath a bhios ag innse seo. Thèid luchd-obrach a chomhairleachadh gus beachdan anns a’ Ghàidhlig a chur chun ar n-Oifigeir Ghàidhlig.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

CONALTRADH TAOBH A-STAIGH/A-MUIGH NA BUIDHNE		
Cleachdadh an-dràsta		
<ul style="list-style-type: none"> - Tha fiosrachadh mu ar Plana Gàidhlig nar ro-innleachd air conaltradh taobh a-staigh na buidhne. - Tha a h-uile poileasaidh, pìos stiùiridh agus fiosrachadh eile a’ buntainn ri ar n-obair Ghàidhlig air ar meanbh-làrach Ghàidhlig agus gheibh a h-uile neach-obrach thuca. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh mu ar Plana Gàidhlig fhathast ga ghabhail a-steach gu ar ro-innleachd air conaltradh taobh a-staigh na buidhne agus gu bheil gealltainn innte innse do luchd-obrach mun obair Ghàidhlig a tha sinn a’ dèanamh ceangailte ris a’ Phlana.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Cumaidh sinn oirn ag ùrachadh ar meanbh-làrach Ghàidhlig do luchd-obrach, a’ dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile poileasaidh agus pìos stiùiridh mun Ghàidhlig air an làraich.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Gus cuideachadh a thoirt do bhuileachadh a’ Phlana seo aig ìre ionadail, rannsaichidh sinn an soirbhicheadh leinn le luchd-obrach ionadail a’ tighinn air adhart gu saor-thoileach mar “thosgairan Gàidhlig”. Measaidh sinn soirbheas na h-obrach seo ro 2021.	Oifigear Gàidhlig	Ron Dàmhair 2016
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

Foillseachaidhean clò-bhuailte is didseatach

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh a chur ri follaiseachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air fhaicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas ùr a chruthachadh (agus briathrachas a th' ann mar-thà a leasachadh). Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh le bhith a' sealltainn an rùn aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. A rèir mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro làraichean-lìn, faodaidh a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain.

Tha rùn aig SNH cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean seo far a bheil an cuspair a' glacadh ùidh a' phobaill anns an fharsaingeachd no a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin

FOILLSEACHAIDHEAN		
Cleachdadh an-dràsta		
<ul style="list-style-type: none"> - Tha sinn air caochladh fhoillseachaidhean a chruthachadh anns a' Ghàidhlig, nam measg sgrìobhainnean corporra, bileagan agus goireasan foghlaim. - Tha sinn air sreath leabhran 'A' Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre' a chruthachadh. - Tha altan dà-chànanach againn nar n-iris leth-bhliadhnail agus cuairt-litir dhigiteach mhìosail. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Cruthaichidh sinn stiùireadh sgrìobhte air cleachdadh na Gàidhlig nar foillseachaidhean. Bidh seo a' gabhail a-steach gealltainn as ùr gus foillseachaidhean corpora, leithid am Plana Corporra, a chruthachadh gu dà-chànanach agus bun-ìre airson gach foillseachadh eile. Bidh ar stiùireadh mothachail air na dùbhlain dealbhachaidh an lùib fhoillseachaidhean clò-bhuailte agus didseatach.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2016
Àrdaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig air feadh ar sreath de dh'fhoillseachaidhean.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Leanaidh sinn oirnn a' dèanamh sgrùdadh air agus a' brosnachadh a' cheangal eadar a' Ghàidhlig agus an	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach

dealbh-tìre nàdarrach, a' togail air an t-sreath de dh'fhoillseachaidhean againn 'A' Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre'.		
Leanaidh sinn oirnn a' cleachdaidh ar n-iris agus ar cuairt-litir dhidseatach gus a' Ghàidhlig adhartachadh le bhith a' foillseachadh altan naidheachd dà-chànanach gu cunbhalach agus le bhith a' sgaoileadh fios ceangailte rithe.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Cumaidh sinn oirnn a' cur thionndaidhean dà-chànanach de bhileagan Tèarmainn Nàdair Nàiseanta air loidhne.	Oifigear Gàidhlig Luchd-obrach Tèarmainn Nàdair Nàiseanta	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

DÀIMHEAN POBLACH AGUS NA MEADHANAN		
Cleachdadh an-dràsta		
<ul style="list-style-type: none"> - Bidh ar n-Oifigear Gàidhlig a' dèanamh agallamhan airson nam meadhanan anns a' Ghàidhlig. - Bidh sinn a' sgaoileadh bhrathan-naidheachd dà-chànanach nuair a bhuineas an cuspair dhan Ghàidhlig. - Bidh sinn a' cruthachadh stuthan airson nam meadhanan sòisealta anns a' Ghàidhlig. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Bidh ar n-Oifigear Gàidhlig ann airson agallamhan Gàidhlig còmhla ris na meadhanan.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Thèid brathan-naidheachd a' buntainn gu sònraichte ar ar n-amasan leasachaidh airson na Gàidhlig a sgaoileadh gu dà-chànanach agus gu na meadhanan Gàidhlig agus thèid an cur suas air seòmar-naidheachd ar làraich-lìn.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Nuair a bhios ùidh nàiseanta nar brathan-naidheachd, no far a bheil iad a' gabhail gnothach gu sònraichte ri sgìrean anns am bi 20% den t-sluagh a' bruidhinn na Gàidhlig, meudaichidh sinn tricead bhrathan-naidheachd dà-chànanaich.		Rè ùine a' Phlana
Bidh iomradh air seirbheisean meadhanan Gàidhlig SNH ga ghabhail a-steach ann an 'Nòtaichean gu	Oifigear Gàidhlig	Ron Dàmhair 2016

Deasaichean' aig bonn a h-uile brath-naidheachd.		
Cumaidh sinn oirnn ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig tro ar meadhanan sòisealta.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Àrdaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig ann an iomairtean sanasachaidh agus margaideachaidh iomchaidh aig ìre nàiseanta agus sgìreil. Ann an sgìrean far a bheil 20% den t-sluagh a' bruidhinn na Gàidhlig, bidh sanasachadh a bhios a' buntainn gu sònraichte ris an sgìre ionadail dà-chànanach.	Ionad Conaltraidh	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

LÀRAICHEAN-LÌN		
<p>Cleachdadh an-dràsta</p> <ul style="list-style-type: none"> - Tha earrann sònraichte air ar làrach-lìn chorporra do chùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach ar "Faclan Nàdair" cuide ri goireasan Gàidhlig eile agus foillseachaidhean corpora. - Tha cuid de na duilleagan air ar làrach-lìn chorporra rim faotainn anns a' Ghàidhlig. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Nì sinn sgrùdadh air an stuth Ghàidhlig a th' againn air ar làrach-lìn chorporra agus air ar duilleagan Gàidhlig an-dràsta gus tomhas dè cho èifeachdach 's a tha iad air coileanadh dhùilean luchd-cleachdaidh.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2016
Cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn chorporra. Ullaichidh sinn stiùireadh a nì cinnteach gu bheil ar stuthan Gàidhlig mothachail do dh'fheumalachdan luchd na Gàidhlig.	Ionad Conaltraidh	Ron Ghiblean 2017
Cumaidh sinn oirnn a' cur ri ar "Faclan Nàdair".	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Rannsaichidh sinn cothroman airson mothachadh Gàidhlig a leudachadh air làrach-lìn ar Tèarmainn Nàdair Nàiseanta agus eadra-lìon SNH.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

EADAR-MHÌNEACHADH, TAISBEANIDHEAN & TACHARTASAN**Cleachdadh an-dràsta**

- Bidh stuthan eadar-mhìneachaidh aig cuid de Thèarmainn Nàdair Nàiseanta a' cleachdadh na Gàidhlig.
- Tha a' Ghàidhlig mar phàirt de chuid de ar taisbeanaidhean agus tachartasan.

Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Ullaichidh sinn modh-obrach, a bhios a' toirt fa-near "A' Cleachdadh na Gàidhlig ann an Eadar-Mhìneachadh Dualchais" aig Bòrd na Gàidhlig, gus aontachadh air an ìre de Ghàidhlig (suas gu ruige seirbheis dà-chànanach) a chleachdas sinn air ar stuthan eadar-mhìneachaidh, nuair a bhios sinn gan ùrachadh.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2017
Ullaichidh agus cuiridh sinn an gnìomh stiùireadh air bun-ìre na Gàidhlig airson stuthan taisbeanaidhean agus thachartasan.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2017
Bidh tachartasan Chom-Pàirteachadh Mathas Cleachdaidh fhathast a' cleachdadh na Gàidhlig. Aig a' chuid as lugha, cleachdaidh bileagan, foirmichean agus fiosrachadh mun chùrsa ar suaicheantas dà-chànanan.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Brosnaichidh agus cuidichidh sinn buill a' Bhùird agus luchd-obrach aig àrd ìre gus fàilteachadh Gàidhlig a chleachdadh nuair a bhios iad a' bruidhinn aig tachartasan.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

Ar daoine

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar cur ri comas-obrach is comas-cànain an luchd-obrach. Tha ullachadh ionnsachadh-cànain airson an luchd-obrach a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich a chur air adhart agus Gàidhlig fhèin a chur air adhart mar nì feumail san àite-obrach. Cuiridh comharrachadh nan dreuchdan far a bheil feum air Gàidhlig gu mòr ri inbhe a' chànain agus a bhith ga chomharrachadh mar eòlas feumail.

Bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd mar aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Ge b' e dè an ìre de dh'eòlas air a' Ghàidhlig a bhios a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan poblach cinnteach gu bheil Gàidhlig na riatanas-obrach ann an da-riribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais farsaing gus a dhèanamh cinnteach gun cuirear ann an dreuchd anns gach suidheachadh a rèir Cothrom na Fèinne agus gun nochd iad an t-eòlas comharraichte a tha a dhìth airson na h-obrach.

Tha SNH mothachail air cho cudromach is a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar eòlas cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil feum no fèill oirre. Tha SNH mothachail cuideachd air cho cudromach is a tha e comas a thoirt do luchd-obrach na sguilean Gàidhlig aca a leasachadh a rèir an dreuchd mas e sin am miann.

TRÈANADH		
Cleachdadh an-dràsta - Tha sinn a' tabhann trèanadh <i>Gaelic Awareness</i> agus <i>Interpreting the Gaelic Landscape</i> , cuide ri clasaichean cànain seachdaineach do luchd-obrach.		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
A' cleachdadh thoraidhean sgrùdadh sgilean an luchd-obrach, ullaichidh agus cuiridh sinn an gnìomh ro-innleachd trèanaidh airson ionnsachadh na Gàidhlig a bhios freagarrach an dà chuid do luchd-ionnsachaidh ùra agus an fheadhainn aig a bheil comas anns a' chànain mar-thà. Cuiridh sinn prìomhachas air luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball gu cunbhalach agus air an fheadhainn a bhios a' dèiligeadh ri luchd na Gàidhlig mar phàirt den obair aca.	Oifigear Gàidhlig	Ron Dùbhlachd 2016
Cumaidh sinn oirnn a' tabhann prògram trèanaidh airson <i>Gaelic Awareness</i> agus	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach

<i>Interpreting the Gaelic Landscape.</i>		
Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh chothroman gus clasaichean cànan a cho-roinn far am bi sinn a' co-roinn àrainnean oifis.	Oifigear Gàidhlig	Rè ùine a' Phlana
Brosnaichidh sinn cothroman do luchd-obrach gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, agus anns na h-oifisean far a bheil e comasach dhuinn trèanadh a thoirt seachad, tha sinn a' toirt gealltanais gum bi trèanadh ri fhaotainn rè uairean obrach.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Nì sinn cinnteach gum broснаich sinn luchd-obrach a tha a' dèiligeadh ris a' phoball gus an sgilean Gàidhlig a chleachdadh no a leasachadh no an cànan ionnsachadh	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Brosnaichidh sinn an t-inneal Gàidhlig eadar-obrachail againn don h-uile neach-obrach.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Gus laigsean trèanaidh a lorg, cumaidh sinn sgrùdadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach gach trì bliadhna.	Oifigear Gàidhlig	Gach trì bliadhna
Ullaichidh sinn nòtaichean stiùiridh do luchd-obrach air fad mu ar Plana Gàidhlig agus poileasaidhean is modhan-obrach mar a thèid an cruthachadh, agus bidh iad rim faotainn gu luchd-obrach air fad tron mheanbh-làrach Ghàidhlig taobh a-staigh na buidhne.	Oifigear Gàidhlig	Leantainneach
Bidh fiosrachadh mu ar Plana Gàidhlig mar phàirt den phrògram inntrigidh do luchd-obrach ùra.	Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2017
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

FASTADH		
Cleachdadh an-dràsta		
<ul style="list-style-type: none"> - Tha dreuchd ar n-Oifigeir Ghàidhlig ainmichte mar obair anns a bheil 'Gàidhlig riatanach'. - 'S e sgil ion-mhiannaichte a th' anns a' Ghàidhlig do dhreuchdan eile. 		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama

Cumaidh sinn oirnn ag aithneachadh gur e sgil ion-mhiannaichte a th' anns a' Ghàidhlig mar phoileasaidh fastaidh.	Goireasan Daonna	Leantainneach
Ath-sgrùdaidh sinn an dòigh anns am bi sinn a' comharrachadh dhreuchdan bàna mar 'Gàidhlig riatanach' agus 'Gàidhlig ion-mhiannaichte' gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' dol le ar n-amas fad-ùineach a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig air feadh na buidhne.	Goireasan Daonna Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2018
Ath-sgrùdaidh sinn dreuchdan anns am biodh a' Ghàidhlig gu sònraichte cudromach (m.e. fàilteachas) agus sònraichidh sinn cho cudromach 's a tha sgilean Gàidhlig do na dreuchdan seo le bhith a' cur brath-mìneachaidh air an t-sanas-dreuchd.	Goireasan Daonna Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2018
Lorgaidh sinn cothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an stuthan agus aig tachartasan fèillean dhreuchdan.	Goireasan Daonna Oifigear Gàidhlig	Ron Ghiblean 2017
Cumaidh sinn oirnn a' toirt fastadh do dh'Oifigear Gàidhlig gus cuideachadh le cuir an gnìomh ar Plana Gàidhlig agus dleastanasan leasachadh na Gàidhlig.	Goireasan Daonna	Leantainneach
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

SANASACHADH		
Cleachdadh an-dràsta		
- Bidh sinn a' sanasachadh dhreuchdan ainmichte mar 'Gàidhlig riatanach' gu dà-chànanach.		
Gnìomhan	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Thèid dreuchdan ainmichte mar 'Gàidhlig riatanach' a shanasachadh gu dà-chànanach fhathast.	Goireasan Daonna	Leantainneach
Rannsaichidh sinn dòighean anns am b' urrainn dhan Ghàidhlig a bhith mar phàirt de shanasan gach dreuchd a tha bàn.	Oifigear Gàidhlig Goireasan Daonna	Ron Ghiblean 2017
Taic ri amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba: 1 agus 2		

Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Buaidh aig poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha SNH ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromaiche a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh sa chuid as motha tron Phlana Ghàidhlig againn ach gun èirich cothroman airson an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì SNH sgrùdadh air na geallaidhean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta gus àiteachan a chomharrachadh far am faodar a' Ghàidhlig a thoirt a-steach gu for-ghnìomhach agus na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur a dhol tro mhodhan a bharrachd. Tha sinn a' sealltainn air seo mar rud a tha a rèir a' phrionnsapail de chumantachadh aig a bheil e na amas a' Ghàidhlig a thoirt a-steach mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

An àm a bhith ag ullachadh, ag ùrachadh no a' sgrùdadh phoileasaidhean, nì SNH cinnteach gum bi a' bhuaidh air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sealladh farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir nithean eadar-fhighte a bhuineas ri leasachadh cànan agus a dh'fheumar a dhol an grèim riutha, agus taobh a-staigh dhiubh sin tha e a' toirt iomradh air caochladh raointean obrach a gheibh prìomhachas:

1. Togail cànan

A bhith a' cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt o ghlùin gu glùin ann an teaghlaichean is le bhith a' solar cothroman air a' Ghàidhlig ionnsachadh, mar a leanas:

- le bhith a' cur ri cleachdadh is togail na Gàidhlig aig an taigh
- le bhith a' cur ri àireamh na cloinne a thogas a' Ghàidhlig san sgoil
- le bhith a' cur ri cothroman air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ri àireamh nan daoine a ghabhas na cothroman
- le bhith a' cur ri àireamh nan inbheach a dh'ionnsaicheas a' Ghàidhlig gu fileantas.

2. Cleachdadh cànan

A bhith a' brosnachadh dhaoine barrachd feuma a dhèanamh den Ghàidhlig, a bhith a' toirt chothroman air an cànan a chleachdadh is a bhith a' soirbheachadh chothroman air dòighean a chuireas daoine iad fhèin an cèill sa Ghàidhlig, mar a leanas:

- le bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- le bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre is ann an àiteachan-obrach
- le bhith a' cur ris na cluinnear is na chithear den Ghàidhlig anns na meadhanan
- le bhith a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealain
- le bhith a' cur ris na cluinnear is na chithear den Ghàidhlig sna roinnean turasachd, dualchais is chur-seachadan

3. Inbhe cànan

A bhith a' cur ris na chithear agus na cluinnear den Ghàidhlig, a bhith a' cur ris an aithneachadh a bheirear dhi agus cliù na Gàidhlig a thogail ann am beatha phoblach na h-Alba, mar a leanas:

- le bhith a' cur ri àireamh nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig
- le bhith a' togail follaiseachd is cliù na Gàidhlig
- le bhith a' cur ris na chithear den Ghàidhlig agus ris an aithneachadh a bheirear dhi

4. Corpas cànan

A bhith a' cur ri buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig is a' cur air adhart rannsachadh air a' chànan, mar a leanas:

- le bhith a' cur am feabhas càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig agus a bhith ga dhèanamh nas fhasa am faotainn
- le bhith a' cur am meud na tha ri fhaotainn de dh'fhiosrachadh pongail a thig à rannsachadh

Dleastanasan gu amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha SNH dealasach a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh agus cuiridh sinn an cèill mar a bheir sinn na h-amasan againn gu buil anns an earrainn seo.

1. Togail cànan

Tha SNH a' tuigsinn gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mum bi an cànan seasmhach airson an àm ri teachd agus gum bu chòir cuideam a chur air an dachaigh, air foghlam is air ionnsachadh do dh'inbhich mar na dòighean as fheàrr air seo a thoirt gu buil. Gabhaidh sinn na ceuman seo a leanas a chuideachadh gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh a chuireas ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

- Tha dealas againn gu bhith a' toirt cothrom gu luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig faighinn gu goireasan 's sinn a' cruthachadh fhoillseachaidhean Gàidhlig agus ag ùrachadh ar làrach-lìn Ghàidhlig.
- Tha sinn ag àrdachadh na h-àireamh de dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig le bhith a' tabhann chlasaichean agus trèanadh do luchd-obrach.
- Cumaidh sinn oirnn a' tabhann bùithean-obrach nàdair anns a' Ghàidhlig do sgoiltean.
- Cumaidh sinn oirnn a' cur ri ar goireas Faclan Nàdair air loidhne gus am faigh daoine gu briathrachas Gàidhlig ceangailte ri nàdar gu furasta.

2. Cleachdadh cànan

Tha SNH a' tuigsinn mum bi a' Ghàidhlig seasmhach airson na h-ama ri teachd nach e a-mhàin gum feum comas a bhith aig barrachd dhaoine an cànan a bhruidhinn ach gum feum na daoine sin a bhith ga chleachdadh nas trice. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur an comas barrachd dhaoine a' Ghàidhlig a chleachdadh mar mhodh-chonaltraidh roghnach, àbhaisteach ann am barrachd is barrachd ghnìomhan làitheil.

- Tha dealas againn gu bhith a' gabhail conaltradh sam bith anns a' Ghàidhlig.
- Le bhith a' tabhann trèanadh gu luchd-obrach tha sinn a' toirt barrachd chothroman do luchd na Gàidhlig bruidhinn rinn anns a' Ghàidhlig.
- Leudaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach le bhith ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean nar n-oifisean.
- Bidh sinn a' tabhann seirbheis Ghàidhlig gu na meadhanan Gàidhlig le bhith a' fastadh Oifigear Gàidhlig a nì agallamhan anns a' Ghàidhlig.
- Bidh ar brosnachadh de Thèarmainn Nàdair Nàiseanta a' tabhann goireasan agus bhileagan do luchd-tadhail anns a' Ghàidhlig.
- Bidh dreach Gàidhlig de Chòd Slighean Dùthchail na h-Alba ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an roinn an turasachd, dualchais agus cur-seachadan.

3. Inbhe cànan

Tha SNH mothachail gum bi inbhe cànan a rèir an t-suidheachaidh timcheall air bho latha gu latha agus na h-ìre a bhithear ga chleachdadh is a' cur luach ann is an ìre a chithear gu bheil luach ga chur ann leis na stèidheachdan aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil.

- 'S e fianais a tha nar Plana Gàidhlig de ar dealas gu bhith a' togail inbhe a' chànan.
- Cruthaichidh sinn deagh ìomhaigh dhan Ghàidhlig le bhith a' cur an gnìomh gnìomhan a' Phlana Ghàidhlig agus le bhith a' toirt nan gnìomhan seo am follais.
- Tha dealas againn do dh'fhaicsinneachd na Gàidhlig a thogail le bhith ga cleachdadh nar suaicheantas, soidhnichean, làrach-lìn, margaideachd agus foillseachaidhean.

4. Corpas cànan

Tha SNH mothachail gum feumar buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cuide ri cho cudromach is a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a thoirt seachad, agus rannsachadh mun chànan fhèin a chur air adhart.

- Tha dealas againn gu cleachdadh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig air feadh ar n-obrach.
- Tha ar leabhranan 'A' Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre' agus ar ballrachd do dh'Ainmean Àite na h-Alba a' dearbhadh cleachdadh cunbhalach de dh'ainmean-àite Gàidhlig.
- Cumaidh sinn oirnn a' cur ri leasachadh corpas a' chànan tro ar sreath 'A' Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre' agus rianachd pròiseactan corpais a' rannsachadh agus a' co-chomhairleachadh gu poblach ainmean aontaichte do lusan agus beathachaidhean ann an Alba.
- Neartachaidh sinn eadar-mhìneachadh anns a' Ghàidhlig le bhith a' cleachdadh a' chànan aig caochladh de ar Tèarmainn Nàdair Nàiseanta rè ùine a' Phlana, nuair a thig feum air soidhnichean ùra.

Buileachadh agus Dearcnachadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad còig bliadhna bhon cheann-latha a thèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh na h-ùine seo, sgrùdaidh sinn am plana, nì sinn atharrachaidhean mar as iomchaidh agus cuiridh sinn e gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta. Tha sinn air cinn-latha fa leth a chomharrachadh airson nan geallaidhean fa-leth.

Foillseachadh a' Phlana

Thèid ar Plana Gàidhlig fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn ann an àite follaiseach. A bharrachd air sin, nì sinn mar a leanas:

- brath-naidheachd a sgaoileadh le fios mu aontachadh agus foillseachadh a' Phlana
- agallamhan ann an Gàidhlig agus Beurla a chur air dòigh leis na meadhanan
- meadhanan sòisealta a chleachdadh gus innse mun Phlana
- fios mun Phlana a sgaoileadh gu luchd-obrach tro ar n-eadra-lìon
- leth-bhreacan pàipeir rim faotainn nuair a thathar gan iarraidh
- leth-bhreac a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Rianachd airson a bhuileachadh

'S e th' anns a' Phlana seo poileasaidh SNH agus tha fo-bhuidheann às leth ar Bùird air aontachadh ris.

Uallach air a' cheann thall

'S e ar n-Àrd-Oifigear a bhios an urra ri dèanamh cinnteach gun toir sinn na rùintean anns a' Phlana seo gu buil.

Ionad Conaltraidh

'S e ar n-Ionad Conaltraidh a bhios an urra ri stiùireadh agus leasachadh cùisean ceangailte ri poileasaidhean Gàidhlig taobh a-staigh SNH.

Luchd-obrach fa leth

Thèid stiùireadh a dhealbhadh agus a chur air ar n-eadra-lìon airson mìneachadh do

luchd-obrach dè a' bhuidh a bhios aig a' Phlana seo orra. Bithear a' togail air an stiùireadh fharsaing seo gus fiosrachadh mu dhèiligeadh ri dòighean conaltraidh Gàidhlig a ghabhail a-steach.

Seirbheisean a bheir treas partaidhean seachad

Nì sinn cinnteach, far a bheil e iomchaidh, gun cùm aontaidhean no ullachaidhean le treas partaidhean mu thoirt seachad sheirbheisean don phoball ri cumhaichean a' Phlana seo. Tha an rùn seo a' gabhail a-steach sheirbheisean fo chunradh air an taobh a-muigh. Nuair nach bi Plana Gàidhlig aig na treas partaidhean, broснаichidh sinn iad gus cumail ri cumhaichean Plana Gàidhlig SNH agus gus innse dhan luchd-obrach aca mu chumhaichean a' Phlana.

Goireasachadh a' Phlana

Tha am Plana seo air a dhealbhadh a rèir nan goireasan a th' againn aig an àm seo. Mas e 's gun atharraich na goireasan seo, nì sinn atharrachaidhean iomchaidh airson goireasachadh a' Phlana seo a thaobh nan seirbheisean a bhios sinn fhìn a' libhrigeadh.

Dearcnachadh air buileachadh

Ann a bhith a' sgrùdadh buileachadh Plana Gàidhlig SNH, cùimsichidh sinn air na leanas:

- cur an gnìomh ar dleastanasan
- mar a bhios sinn a' cur ri cur an gnìomh a' Phlana Nàiseanta
- ceistean Gàidhlig a gheibh sinn
- stuthan Gàidhlig a dh'fhoillsicheas sinn
- ar n-aithisg dhearcnachaidh bhliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig.

Fios thugainn

'S e an t-oifigear as àirde dreuchd a tha an urra ri ullachadh, lìbhrigeadh is sgrùdadh ar Plana Gàidhlig:

Alison Bell
Manaidsear an Ionaid Chonaltraidh
Dualchas Nàdair na h-Alba
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
01463 725088
alison.bell@snh.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' Phlana a chur gu:

Robyn Ireland
Oifigear Gàidhlig
Dualchas Nàdair na h-Alba
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW
01463 725148
robyn.ireland@snh.gov.uk